

## GAIRM GU ÙRNAIGH: Latha na Sàbaid, 13mn dhen t-Sultain 2020

### Ùrnaigh aig 7f

‘Maith dhuinn ar fiachan, amhail mar a mhaitheas sinne dar luchd-fiach’. Tha maitheanas aig cridhe Ùrnaigh an Tighearna, agus aig cridhe na beatha Crìosdaidh. Tha maitheanas aig cridhe ar dàimh leis an Dia a dheònaicheas dhuinn maitheanas agus cothrom gus töiseachadh as ùr. Agus mar sin, tha sinn air ar gairm gus mathaineas a thoirt do dhaoine eile. Is ann tro mhaitheanas a bhios sinn ag ath-nuadhachadh dàimhean a chaidh am bristeadh. Agus mar sin, bidh maitheanas ann far an robh pian agus far a bheil feum air slànachadh. Bidh facal a’ mhaiteananais a’ tairgsinn dhuinn cothrom slànachaidh agus cothrom ath-nuadhachaidh.

Chuir an t-Abstol Peadar an ceist air Iosa a bhios sinn uile a’ cur air aig amannan: dè cho tric ’s a bheireas sinn maitheanas do dhaoine a pheacaich nar n-aghaidh? ’S e ceist mhath a th’ ann, oir chan e rud furasta a th’ ann am maitheanas. Mar fhreagairt, dh’innis Iosa dha cosmhalachd air tràcair agus maitheanas, agus is brìgh na sgeòil gum bu chòir dhuinn maitheanas a thoirt gu saor agus gu h-iomlan, oir b’e sin a rinn Dia an toiseach air ar sgàth (Mata 18: 21 - 35).

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè a’ mhaiteananais,  
Tha sinn a’ togail taing dhut airson do ghràidh iomlain,  
agus airson do mhaiteananais a fhuair sinn tro Iosa Chriosd.  
Le earbsa nad ghràdh agus nad mhaiteanas, tha sinn a’ glaodh riut.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a’ mhaiteananais,  
Tha sinn a’ togail taing dhut, oir is aithne dhut sin gu h-iomlan,  
agus gu bheil thu a’ gabhail rinn mar a tha sinn.  
Tha sinn a’ tionndadh riut, ag guidhe gun deònaich thu do mhaiteanas dhuinn.

A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a' mhaitheanais,  
Tha sinn a' togail taing dhut, oir tha do ghealladh earbsach,  
agus tha maitheanas ri lorg annad.  
Tha sinn a' dlùth-gabail riut, le fios gun do ghabh thu rinn mar-thà.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a' mhaitheanais,  
cruthaich annainn cridheachan glan,  
gus am bi gràdh nas iomlaine againn air gach aon a rinneadh nad iomhaigh  
fhèin.  
Mar a ghabh thu rinn, gabhamaid ri do chruthachadh gu lèir.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a' mhaitheanais,  
Deònaich gum mair gràdh nar cridheachan, mar a mhaires e nad chridhe fhèin.  
Agus mar a fhuair sin maitheanas tro Ìosa Chrìosd,  
gum biodh sinn a' mealtainn an tìodhlaic seo maille ri do shluagh gu lèir.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,  
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte  
Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam  
Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann  
an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)